

An Comunn Gàidhealach

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MÒD

Iuchar 2018 / July 2018

Cuairt-litir a' Chomuinn Ghàidhealaich | An Comunn Gàidhealach Newsletter

Teachdaireachd bho Alison Bruce

Bidh fios aig cuid agaibh gur e Bliadhna na h-Òigridh a th' ann am bliadhna. Tron bhliadhna, bidh sinn a' faicinn tòrr chothroman dha òigridh air feadh na h-Alba gus tàlant an Òigridh a chomharrachadh. Mar phàirt de seo, bidh sinn a' cruthachadh cothroman ùr airson dèanamh cinnteach gu bheil na tàlant aca air an taisbeanadh.

Aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail, 's e a' brosnachadh cànan is cultar na Gàidhlig aon de na prìomh amasan againn.

Am bliadhna, le taic bho EventScotland, tha cothrom againn pròiseactan a bharrachd a chur air dòigh dha òigridh. O chionn ghoirid, tha oidean bho FèisSgoil air a bhith a' dol a-steach dha na sgoiltean ann an sgìre Dhùn Omhain gus clann a dheasachadh airson farpaisean a' Mhòid. 'S e fìor dheagh chothrom a th' ann dha òigridh airson na sgilean Gàidhlig is ceòl aca a leasachadh agus tha sinn an dòchas gum bi na seiseanan seo a' toirt misneachd dhaibh airson gabhail pàirt ann a farpaisean a' Mhòid cuideachd.

Tha sinn cuideachd a' ruith bùthan-obrach Dràma dha òigridh ann an Dùn Omhain agus thathas an dòchas gum faic sinn na dealbhan-cluiche aca air an àrd-ùrlar aig a' Mhòd san Dàmhair. Tha sinn airson cothroman a thoirt dha clann a bhios a' cluich camanachd aig a' Mhòd. Bidh sinn ag obair còmhla ri Comunn na Camanachd gus geama camanachd a chur air dòigh aig a' Mhòd ro Cupa Camanachd a' Mhòid.

Tha sinn air Comataidh ùr a chruthachadh mar phàirt de Bhliadhna na h-Òigridh airson òigridh aig a bheil ùidh mhòr anns a' Ghàidhlig agus anns a' Mhòd. Tha sinn airson cothrom a thoirt dha òigridh airson na beachdan aca a thoirt air adhart air na thiaid airson faicinn a' tachairt aig a' Mhòd. Tha an Comataidh seo làn beachdan ùr agus brosnachail airson am Mòd a dhèanamh nas spòrsail agus tarraingeach dha òigridh. Tha sinn gu bhith ag obair cruaidh còmhla riutha airson na beachdan aca a thoirt air adhart.

Nach cum sibh sùil air an làrach lìn againn agus na duilleagan meadhanan sòisealta againn airson barrachd fiosrachaidh mu tachartasan Bliadhna na h-Òigridh againn.



year of young people
bliadhna na h-òigridh
2018

Message from Alison Bruce

Many of you will be aware that 2018 is Scotland's Year of Young People. Throughout the year, Scotland is putting its young people in the spotlight, celebrating their talents, contributions and creating new opportunities for them to shine.

At the Royal National Mòd, our main aim is to promote and celebrate Scotland's unique Gaelic cultural heritage and without Scotland's young people, this would not be possible. The amount of talent that is showcased by Scotland's youngsters at the Mòd continues to inspire and encourage us year on year and so this year's theme could not be more appropriate for the Mòd.

This year, with funding from EventScotland, we have been able to introduce new projects for young people. In recent months, tutors from FèisSgoil have been going into schools in the Dunoon area to help them prepare for Mòd competitions as part of our Mòd Academy initiative. The Mòd Academy is a great opportunity for youngsters to learn and develop their music and Gaelic skills and we also hope that it builds confidence to perform at the Mòd when it comes to Dunoon in October.

We have also been able to run Drama workshops for young people in Dunoon which we hope will lead to an increase in children becoming involved in Gaelic drama. We are looking forward to seeing their performance at the Mòd in October.

We also hope to see more youngsters involved with shinty at this year's Mòd and we will be working with the Camanachd Association to arrange a junior Mòd Cup match before the annual senior match.

As part of our YOYP celebrations, we have established a Young Person's Committee to give young people the opportunity to have their say and share their ideas about what they would like to see happen at the Mòd. It is very encouraging to see how passionate our committee is about the Mòd and about making the Mòd exciting and fun for all ages. Over the next few months, we will be working hard to take their ideas forward.

Keep an eye out for more information about our YOYP programme of events on our website and on our social media pages.



AM MÒD NÀISEANTA
RÌOGHAIL
THE ROYAL NATIONAL MÒD



SUPPORTED BY
year of young people
bliadhna na h-òigridh
2018

12-20 DÀMHAIR
DÙN OMHAIN



Dreach Prògram Mòd 2018 a-nis air-loidhne

Tha dreach prògram airson farpaisean Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo ri fhaighinn air an làrach-lìn againn.

Cuimhnichibh gur e dreach a th' ann agus dh' fhaodadh gun tèid atharrachaidhean a dhèanamh air fhathast.

Nuair a gheibh sinn air na iarratasan airson farpaisean Mòd na bliadhna seo a chur dhan siostam, bidh e comasach dhuinn tallaichean a chur air dòigh agus uairean nam farpaisean. Bheir an dreach beachd cuin agus càite a bhios na farpaisean a' gabhail àite, mar sin 's urrainnear siubhail a chur air dòigh agus mar sin air adhart.

Bruthaibh air a' cheangal gu h-ìosal airson an dreach seo:
[Dreach Prògram Mòd 2018](#)

Mod 2018 Draft Programme Now Online

A draft programme for this year's Royal National Mod competitions is now available online.

Please note that this timetable is issued for guidance only. Timings and venues may change as arrangements are finalised.

Once all entries have been processed we will be able to allocate venues and timings. The draft programme gives an idea of what competitions will be on when and where so that competitors can make travel arrangements and so on.

Please click on the following link to view the draft programme.
[Mòd 2018 Draft Programme](#)



Mòdan ri Teachd

Future Royal National Mod Dates

Dùn Omhainn – 12-20 Dàmhair 2018

Glaschu – 11-19 Dàmhair 2019

Inbhir Nis - 9-17 Dàmhair 2020

Peairt - 8 -16 Dàmhair 2021

Pàislig - 14-22 Dàmhair 2022



Cumaibh sùil air làrach-lìn a' Chomuinn agus na meadhanan sòisealta againn!

Keep an eye on our website and social media pages for regular updates!

www.ancomunn.co.uk



Royal National Mòd



royalnationalmod



@NationalMod



nationalmod

An Comunn Gàidhealach

Lùghdachadh air Ticeadan Mòd 2018

Chìthear air an ath dhuilleag foirm-iarrtas thiceadan airson tachartasan Mòd 2018. Gheibhear lùghdachadh air prìsean gu **Diciadain 12 Sultain**.

Bho 12 Sultain, bidh agaibh ri pàigheadh na prìsean slàn.

Dèanaibh cinnteach gun lìon sibh a-mach am foirm agaibh agus tilleibh thugainn e cho luath's a ghabhas!

Early Bird Mod 2018 Tickets

You will find a Mod Ticket order form on the next page of this newsletter. Tickets are available at a reduced rate until **Wednesday 12 September**.

From 12 September, tickets will be charged at full price.

Be sure not to miss out, complete and return your form as soon as possible!

Buill a' Chomuinn

Bheil sibh nur ball den Chomunn Gàidhealach?
Mur a bheil, 's urrainnear ballrachd a thoirt a-mach an seo.

Gheibh buill lùghdachadh **50%** air ticeadan airson prìomh fharpaisean a' Mhòid—sàbhaladh mòr!

Cosgaidh ballrachd £15 / £5 (Òigridh / Oileanaich)

Airson tuilleadh fiosrachadh, cuiribh post-d gu marina@ancomunn.co.uk no cuiribh fòn air 01851 703 487.

An Comunn Gàidhealach Members

Are you a member of An Comunn Gàidhealach?
If not, you can sign up for a membership here.

Members receive a **50%** reduction on the price of the premier Mod events—a huge saving!

Membership costs £15 / £5 (Junior / Student)

For further information, please contact marina@ancomunn.co.uk or telephone 01851 703 487.



Thèid an Eisteddfod 2018 a chumail ann an Cardiff am bliadhna, eadar an 3mh agus an 11mh den Lùnastal.

Bidh Iain Moireasdan, Àrd Oifigear a' Chomuinn an làthair aig Fèis na bliadhna seo as leth a' Chomunn Gàidhealach.

Tha ceangal làidir eadar an Eisteddfod agus Am Mòd Nàiseanta Rìoghail. Gach bliadhna bidh riochdaire bhon Chomunn a'siubhal sios dhan Chuimrigh gus a bhith an làthair aig an Eisteddfod agus bidh riochdairean bhon Eisteddfod fhèin a' tighinn chun Mhòd Nàiseanta Rìoghail gach bliadhna cuideachd.

Tha sinn an dòchas gum bidh Fèis soirbheachail aca ann an Cardiff am bliadhna.

The 2018 Eisteddfod will take in place in Cardiff between the 3rd and 11th of August.

John Morrison, our Chief Executive, will attend this year's Festival on behalf of An Comunn Gàidhealach.

We are fortunate to have a strong link between the Eisteddfod and the Royal National Mod. Each year, An Comunn Gàidhealach sends a representative to the Eisteddfod and in turn we welcome representatives from the Eisteddfod to the Mod in October each year.

We hope this year's Festival in Cardiff is successful.

Duaisean a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail

Feumaidh duaisean a bhith air an tilleadh ro 31 Iuchar

Mur a bheil sibh air bh' ur h-ainmeanan a chur air na duaisean a bhuannaich sibh an-uiridh, bu chòir dhuibh seo a chur air dòigh anns na mìosan a tha romhainn.

Cosgaidh seo £12.50 airson gach duais aig an Trophy Centre, Inbhir Nis. Nuair a bhios na duaisean deiseil leis na h-ainmeanan orra, bheir luchd-obrach an Trophy Centre na duaisean a-null gu oifis a' Chomuinn Ghàidhealach an Inbhir Nis—abair seirbhis!

Chìthear gu h-ìosal gu bheil an Trophy Centre a' tabhachd £10 fo prìs tiodhlacan sa' bhùth aca ma chosgas sibh £30. Ma tha sibh airson bruidhinn riutha a thaobh na duaisean agaibh, cuiribh fios thuca:

01463 238 495

www.invertrophy.com

Royal National Mod Trophies

All trophies must be returned by 31st July

If you have not yet had your trophies engraved you should look at getting this done over the next few months.

Engraving will cost £12.50 at the Inverness Trophy Centre. Once engraving has been completed, the wonderful staff at The Trophy Centre will arrange for the trophies to be returned to the An Comunn Gàidhealach office in Inverness.

You will also see here a voucher which the Trophy Centre are currently offering. This voucher provides a £10 discount on jewellery and gifts if you spend £30 or more. If you wish to speak to them regarding the engraving of your trophies, give them a call on the number below and they will be more than happy to help:

01463 238 495

www.invertrophy.com



CEANN-LATHA

AIRSON

Duaiséan

A THILLEADH

31.07.2018





DEADLINE

FOR

Trophy

RETURNS

31.07.2018



Bheil ùidh agad ann an Dannsa Gàidhealach? Nach cuir sibh a-steach airson aon de na farpaisean againn? Gheibh sibh barrachd fiosrachadh gu h-ìosal.

Interested in entering one of our Highland Dancing competitions or know any dancers who may be? Please see the form below for further information.

Royal National Mod Highland Dancing Festival

Dunoon Grammar School

61 Ardenslate Rd, Kirn, Dunoon PA23 8LU

Thursday 18th October, 2018

**A : 16 Pas de Basques
B : P de B and High Cuts
C : Highland Fling
D : Sword Dance**

**E : Seann Truibhas
F : Hullachan (Half Tulloch)
G : Trophy Highland Fling**

**H : Flora McDonald
I : Scottish Lilt
J : Barrack's Johnny
K : Sailors' Hornpipe**

SECTION ORDER OF EVENTS STARTING TIME : 10.00 AM

Primary A B C D 4yrs, 5yrs, 6yrs

**Beginner C D E F G H I (8yrs and under
(9yrs & under 11yrs**

**Novice C D E F G H I (11yrs & under 13yrs
(13yrs & under 16yrs**

SECTION ORDER OF EVENTS STARTING TIME : 1.30 PM

**Intermediate C D E F J H I K 9yrs & under
10 yrs & under 12yrs
12 yrs & under 14 yrs
14 yrs & under 17yrs**

**Premier C D E F J H I K Under 10 years
10 yrs, 11 yrs, 12 yrs, 13 yrs,
14 yrs, 15 yrs, 16 years and over**

All competitors must be registered with the SOBHD and all registration cards shown.

Organisers reserve the right to alter age groups according to entry.

Annual trophies awarded in each age group over all dances, except Primary section.

Entry Fees Primary: £7.20, Beginner/Novice: £12.60, Int/Prem: £14.40 Payable to AADF

Closing Date 9th October 2018

Entries to Entries – Donna Mitchelson, 1 Adderley Terrace, Monifieth DD5 4DQ Tel. 01382 532385

ENTRIES MAY BE MADE ON-LINE AT WWW.TOEANDHEEL.COM

Note: Entry records will be electronically stored for one year from the date of the contest from which time they will be removed.

Name	Age	Reg No.
Address	Telephone No.	
Section	Dances	
School of Dancing	Money Enclosed £ Payable AADF	

MOD



Bithibh mothachail gu bheil sinn air atharrachaidhean a dhèanamh air na farpaisean a leanas airson Mòd Nàiseanta Rìoghail 2018.
Please be aware of amendments to the following competitions for this year's Royal National Mod.

- C53 – Literary ages 9-10 Open** - Write a short story, poem or news article on a topic of your own choice.
C53A – Literary ages 11-12 Open - Write a short story, poem or news article on a topic of your own choice.
C153 – Literary ages 16-18 Open – Write a short story, poem or news article on a topic of your own choice.

Farpais C01 - Radio programme – **Open** – Prepare a radio programme not exceeding 10 minutes duration on the topic of **“Bliadhna na h-Òigridh”**. Entries can be submitted via **soundfile or cd**. If you are interested in a career in radio, this could be the perfect opportunity to gain some experience and get some feedback.

Farpais C02 – Short Film / Vlog – Open – Prepare a short film / vlog not exceeding 10 minutes duration on the topic of **“Bliadhna na h-Òigridh”**. Entries can be submitted via **youtube link or dvd**. If you are looking to get involved in Gaelic media, why not share some of your creative ideas by entering this competition.

C180 (U19) - Sing waulking songs of your own choice. Any number of songs may be sung, which may, but not necessarily, include an ‘òran basaidh’, within a time limit of 10 minutes. Groups must consist of at least 7 persons with one or more soloists, if preferred. The singing will be in unison. Any variations to unison singing should be strictly in accordance with traditional local approaches to the singing of waulking songs. Spoken input as part of the performance or preceding the singing of another song is also at the discretion of the group.

A278 - Sing waulking songs of own choice. Any number of songs may be sung, which may, but not necessarily, include an ‘òran basaidh’, within a time limit of 10 minutes. Groups must consist of at least 7 persons with one or more soloists, if preferred. The singing will be in unison. Any variations to unison singing should be strictly in accordance with traditional local approaches to the singing of waulking songs. Spoken input as part of the performance or preceding the singing of another song is also at the discretion of the group.

Open (Fluent & Learners)

For Mòd 2018, the themes for both A204 & A205 will be “Bàrdachd a’ Chiad Cogaidh (Poetry of the First World War).

A204

Reading Poetry

Reading of a poem based on a specified theme, competitors own choice. An introduction to the chosen piece should be given before reading.

A205

Reading Prose

Reading of a passage of prose based on a specified theme, competitors own choice. An introduction to the chosen piece should be given before reading.

The aggregate winner of the above competitions will be awarded the Glasgow Skye Association Gold Medal and is only eligible to win this once.

The Cardonald Highlanders Cup will be awarded to the most promising learner.

Mòd Nàiseanta Rìoghail

Royal National Mod

Atharrachaidhean | Amendments

Chìthear atharrachaidhean ri Earrainnean na bliadhna seò gu h-ìosal. Cumaibh sùil air an làrach-lìn againn gun fhios nach bidh fiosrachadh eile ann a thaobh na h-earrainnean ainmichte.

You can view changes and amendments to this year's prescribed pieces below. Keep an eye on our website for any further information regarding the prescribed pieces.

A305 Gheibhinn Cadal Math

Alto – Bar 17 – iomadh should be aomadh

Sop 1 bar 42, Sop2 bar 43, Alto bar 44 – earras maoin should be earras 's maoin

Bar 12 - Alto line 2nd beat should be a single 'G' as it is in bar 36.

A306 – Siud mar chaidh an càl a' dholaidh

Bar 16 & 32 – delete final soprano notes in these bars

Bar 18 – tenors to sing same rhythm as ladies

Bar 53 – Alto line to be sung the same as bar 49

Bar 55 – Alto 'bhata' to be sung as two crotchets

A308 -A chaile dhubh a' sgulair

The word 'Sgùlair' should actually be written as 'Sgulair' but it shouldn't affect the musical rhythm of the word.

C51A - Cumha nan lasgairean

Verse 4 should be sung as: Mo thriùir bhràithrean **taobh ri taobh riuth'**

'S fear an taighe, 's e bu daoire



For any further information on the above changes, please contact the

Music Committee Administrator:

mairi@ancomunn.co.uk



Mòdan Ionadail 2018

Provincial Mods 2018

Tha a chuid as motha de na Mòdan Ionadail air gabhail àite a-nis. Tha sinn an dòchas gun deach gu math dhuibh agus gun robh Mòd shoirbheachail agaibh uile. Meal an naidheachd air a h-uile duine a ghabh pàirt am bliadhna agus tha sinn an dòchas gum faic sinn sibh aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail an Dùn Omhain, san Dàmhair.

Taing mhòr dha na Comataidhean, na sgoiltean, pàrantan, luchd-taic agus a h-uile duine a tha a' cuideachadh gu saor thoileach airson na Mòdan Ionadail a chur air dòigh.

Chì sibh cinn-latha na Mòdan Ionadail a tha fhathast ri gabhail àite gu h-ìosal.

Ma tha am Mòd Ionadail agaibh airson pìos a chur thugainn, cuiribh fios gu marina@ancomunn.co.uk agus cuiridh sinn dhan ath iris e.

The majority of this year's Provincial Mods have now taken place. We hope you all had a successful Mod. Congratulations to all those who took part in competitions this year and we hope to see you all at this year's Royal National Mod in Dunoon in October.

Many thanks to all the Committees, schools, parents, helpers and all those who gave their time voluntarily to help run each of the Provincial Mods.

You can view the remaining 2018 Provincial Mod dates below.

If you would like to share an account of how your Mod went this year, please email any information to marina@ancomunn.co.uk and we will include it in the next issue of our newsletter.

Mòd Ionadach na Dreòlluinn

7 agus an 8 den t-Sultain 2018

enquiries@mullmod.org.uk

Mull Provincial Mod

7 and 8 of September 2018

enquiries@mullmod.org.uk

Mòd Ionadail Bharraigh

22mh den t-Sultain 2018

modbharragh@aol.com

Barra Provincial Mod

22nd of September 2018

modbharragh@aol.com



Meur Inbhir Nis aig Fèill an t-Eilean Duibh

Bidh Meur Inbhir Nis agus Comataidh Ionadail Mòd 2020 an làthair aig Fèill Àiteachais an t-Eilean Duibh anns A' Bhlàr Dubh air Diciadain an 1mh agus Diardaoin an 2mh den Lùnastal, a' togail airgead le tombola!

Ma tha botail sam bith agaibh a bhiodh sibh airson a thoirt dhaibh airson an tombola, cuiribh fios thuca tron duilleag

Facebook aca no cuiribh post-dealain gu secretary@invernessprovincialmod.co.uk.

Mòran Taing!

Inverness Branch at the Black Isle Show

Meur Inbhir Nis, along with the Mòd Inbhir Nis 2020 Local Organising Committee, is once again holding a fundraising tombola stall at the the Black Isle Show in Muir of Ord on Wednesday 1st and Thursday 2nd August.

If you have any bottles you could donate (juice, alcohol, shampoo, shower gel etc.) these will be very gratefully received.

Please send us a message via Facebook or to secretary@invernessprovincialmod.co.uk to arrange drop off of donations.

Mòran taing!



Feis Dràma Chàrlabhaigh

Carloway Drama Club

6 - 10 Lùnastal 2018, 10m - 3f

6th - 10th August 2018, 10am - 3pm

Talla Coimhearsnachd Chàrlabhaigh

Carloway Community Centre

le consairt air Dihaoine 10 aig 7.30f

plus a community concert on Friday 10th at 7.30pm

Fosgailte do dhuine aois 8+ le comas Gàidhlig sam bith

Open to all aged 8+ at any level of Gaelic

Tuilleadh Fiosrachaidh | More Information:

shona.macmillan@hotmail.co.uk



£15

Fealla-dhà Furan **Furan Family Fun Session**

Òrain, Sgeulachdan is Rannan do chlann
Songs, Stories and Rhymes for children
0-5 Years



Diardaoin 19mh Iuchar gu Diardaoin 9mh Lùnastal
Thursday 19th July to Thursday 9th August
12pm – 1pm



Furan, Ionad Gàidhlig an Òbain
Furan, Oban Gaelic Centre, Corran Halls

Furan
Ionad Gàidhlig An Òbain
Oban Gaelic Centre
Comhairle Earra-ghàidheal
is Bhòid





Tha tòrr a' tachairt ann an saoghal na Gàidhlig ann an Obar Dheathain: Buidheann Pàrant is Pàiste, Bookbug Gàidhlig, foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, foghlam do luchd ionnsachaidh na Gàidhlig, Sradagan, Duais Iain Muir sa Ghàidhlig, Fèis Obar Dheathain, cùrsaichean Gàidhlig oilthigh, Còisir Gàidhlig Obar Dheathain, tachartasan Club Gàidhlig Obar Dheathain agus clasaichean Gàidhlig coimhearsnachd.

There is a lot happening in Gaelic Aberdeen: A Gaelic Parent and Child Group, Gaelic Bookbug, Gaelic medium education, Gaelic learner education, Gaelic youth club, Gaelic John Muir Award, Aberdeen Fèis, Gaelic university courses, Aberdeen Gaelic Choir, Aberdeen Gaelic Club events and Gaelic community classes.

Tha Comhairle Baile Obar Dheathain a' sireadh tidsearan FTMG agus neach obrach tràth-bhliadhnaichean. Nam bu toil leibh a bhith nur pàirt den sgioba a' leasachadh Gàidhlig san Ear Thuath, cuiribh fios thugainn.

Aberdeen City Council are seeking to recruit GME teachers and an early years practitioner. If you would like to be part of a team developing Gaelic in the North East please get in touch.

Cuir fios thugainn / Get in touch gaelic@aberdeencity.gov.uk
www.aberdeencity.gov.uk/gaelic Facebook: Gaelic Aberdeen

Buidhnean-leughaidh Gàidhlig a' tòiseachadh aig dà ìre

Ann an Ògmhios chaidh pìleat de bhuidheann-leughaidh air-loidhne, 'Leugh Leam', a chumail ann an co-bhonn eadar e-Sgoil agus Comhairle nan Leabhraichean. Air an oidhche, cheangail deichnear dhaoine a-steach à sia àiteachan – tè dhiubh fiù 's à New York!

A' leantainn air suirbhidh bheachd a chaidh a chumail an dèidh na coinneimh, thathar a-nis air co-dhùnadh dà bhuidheann a stèidheachadh a bhios a' coinneachadh gu cunbhalach bhon Lùnastal 2018.

Bidh an dàrna buidheann ag amas air luchd-ionnsachaidh aig ìre thràth agus bithear a' leughadh leabhar còmhla, caibideil gach turas. Gheibh daoine taic a thaobh fuaimneachaidh agus faodaidh iad faighneachd mu fhaclan is abairtean nach eil iad a' tuigsinn. 'S e *Glainne* le Daibhidh Eyre an leabhar leis an tòisich iad agus coinnichidh am buidheann seo son a' chiad uair air Diardaoin 2 Lùnastal.

Bidh am buidheann eile son daoine a tha (meadhanach) fileanta sa chànan. Bidh daoine a' leughadh leabhar air an ceann fhèin is thig iad an uair sin còmhla, turas sa mhìos, airson còmhradh is beachdachadh air na leugh iad. 'S e *Ìmpireachd* le Iain F. Macleòid an leabhar air an tèid bruidhinn nuair a choinnicheas iad air Dimàirt 28mh den Lùnastal. Ged 's e buidheann-leughaidh a th' ann tha fàilte air daoine nach eil air an leabhar a leughadh agus a tha dìreach airson còmhradh no fiù 's èisteachd ri còmhradh sa Ghàidhlig.

Bidh na leabhraichean ri faighinn aig prìs nas ìsle bho Chomhairle nan Leabhraichean air-loidhne (feumar còd) no sa bhùth aca, agus bidh corra bhùth eile gan reic cuideachd.

'S e buidhnean air-loidhne a bhios ann is bidh e comasach do dhuine sam bith aig a bheil uidheamachd shimplidh ceangal a-steach. Thathar cuideachd an dùil gum bi àiteachan ainmichte ann, a leithid oifisean Chomhairle nan Leabhraichean agus e-Sgoil, far an urrainn do dhaoine tighinn cruinn còmhla is ceangal a-steach mar bhuidhnean. Gheibhear am fiosrachadh as ùire mu deataichean, dè dh'fheumar son ceangal a-steach, agus càit' am bi buidhnean a' cruinneachadh, bho làrach-lìn Chomhairle nan Leabhraichean (<https://gaelicbooks.org>) no le bhith cur post-d gu Shelagh Chaimbeul: shelagh@gaelicbooks.org

Ged as ann ann an Alba a tha a' mhòr-chuid a tha air ùidh a nochdadh, thàinig beachdan a-steach às na Stàitean Aonaichte, Canada is fiù 's an Argantain! Mar sin, thathar an dùil gur e coinneamhan dha-rìribh eadar-nàiseanta a bhios ann.

Gaelic Book Clubs starting for two different levels

In June e-Sgoil and Comhairle nan Leabhraichean cooperated to pilot an online Gaelic book club, 'Leugh Leam'. On the night ten people connected from six different places – with one person even joining in from New York!

Following feedback from a survey it has now been decided to start two groups that will meet regularly from August 2018. The first will be aimed at learners at a relatively early stage and will read a book together, a chapter at a time. People will be given help with pronunciation and will be able to ask about any words and phrases they don't understand. The first book they will read will be *Glainne* by Daibhidh Eyre and the group will meet for the first time on Thursday 2nd August.

The second group is for people who are (reasonably) fluent in Gaelic. People will read a book in their own time and come together once a month to discuss and share their thoughts on the book. This group will meet on Tuesday 28th August to discuss *Ìmpireachd* by Iain F. Macleòid. Although this is a book club, people who haven't read the book and would simply like the opportunity to converse or even listen to Gaelic, are welcome to attend.

The books will be available from Comhairle nan Leabhraichean at a discounted price online (requires code) or in their shop, as well as from a number of other outlets.

The groups will meet online, meaning that anyone with basic equipment will be able to link in. It is hoped that there will also be a number of 'venues', such as Comhairle nan Leabhraichean's offices and e-Sgoil, where people can gather and link in as a group. The most recent information about dates, what is required to link in, and which group venues there are, can be found on Comhairle nan Leabhraichean's website (<https://gaelicbooks.org>) or by emailing Shelagh Campbell: shelagh@gaelicbooks.org Although most of the people who showed an interest in Leugh Leam are based in Scotland, there was feedback from the US, Canada and even Argentina! These could therefore be truly international meetings.




buidheann leughaidh & còmhraidh air-loidhne
online Gaelic reading & conversation group

Seiseanan do luchd-ionnsachaidh

Sessions for learners

Ceann-latha <i>Date</i>	Caibideil <i>Chapter</i>
02/08/18	1
16/08/18	2
30/08/18	3
11/09/18	4
25/09/18	5



lasachadh 20%
 Cleachd còd **LEUGHLEAM2**
 air www.gaelicbooks.org

20% discount
 Use code **LEUGHLEAM2**
 on www.gaelicbooks.org

- fosgailte dhan a h-uile duine, aig a h-uile ìre
open to everyone, at all levels of Gaelic
- chan fheumar ach coimpiutair le webcam & maicreafòn
all you need is a computer with a webcam & microphone

airson tuilleadh fiosrachaidh air mar a ghabhas tu pàirt anns a' bhuidheann, cuir fios gu:
For information about how to take part in the group, contact:

shelagh@gaelicbooks.org
+44 141 337 6211

gaelicbooks.org



e-sgoil.com




buidheann leughaidh &
còmhraidh air-loidhne
online Gaelic reading &
conversation group

Dimàirt 28 Lùnastal
Tuesday 28th August

19.00 (GMT)

- fosgailte dhan a h-uile duine, aig a h-uile ìre
- chan fheumar ach coimpiutair le webcam & maicreafòn
- chan fheumar an leabhar a chrìochnachadh airson pàirt a ghabhail
- open to *everyone*, at *all levels of Gaelic*
- all you need is a computer with a webcam & microphone
- you don't need to have finished the book to take part



lasachadh 50%
Cleachd còd **LEUGHLEAM3**
air www.gaelicbooks.org

50% discount
Use code **LEUGHLEAM3**
on www.gaelicbooks.org

airson tuilleadh fiosrachaidh air mar a ghabhas tu pàirt anns a' bhuidheann,
cuir fios gu Shelagh Chaimbeul:

For information about how to take part in the group, contact Shelagh Campbell:

shelagh@gaelicbooks.org

+44 141 337 6211

gaelicbooks.org



e-sgoil.com

Làrach-lìn Comataidh Ionadail Mòd Dhùn Omhain

Tha làrach-lìn Comataidh Ionadail a' Mhòid beò. Dèanaibh cinnteach gun tadhal sibh air airson fiosrachadh a thaobh Comataidh Ionadail a' Mhòid, tachartasan airson airgead a thogail, àitichean-fuirich agus cothroman saor-thoileach!

www.moddhunomhain.com

Cuideachd, tha duilleag Facebook aca- dèanamh cinnteach gu bheil sibh gan leantainn: <https://www.facebook.com/DunoonMod2018/>

Dunoon Local Committee Website

The Local Organising Committee's website is up and running. Make sure to check it out for information about the LOC in Dunoon, fundraising events, accommodation and volunteering opportunities!

www.moddhunomhain.com

Also, give their Facebook page a like to keep up to date with the LOC's events and updates: <https://www.facebook.com/DunoonMod2018/>



English

MÒD DHÙN OMHAIN 2018
Friday 12th to Saturday 20th October 2018

2018
Dhùn Omhain
MÒD

Home

The Committee

Events

Sponsorship

Accommodation

Volunteer Support

Contact Us

WELCOME TO THE DUNOON ROYAL NATIONAL MÒD 2018



It is with great pleasure that we, the Dunoon Mòd 2018 Local Organising Committee, welcome everyone that will be attending the Royal National Mòd between the 12th and 20th of October 2018 in Dunoon.

2018
Dhùn Omhain
MÒD

Bheil sibh saor seachdain a' Mhòid airson taic a thoirt mar stiùbhard? Nach cuir sibh fios chun Chomataidh Ionadail tron foirm air an làrach-lìn aca gu h-ìosal?

Are you free to help out at this year's Mòd as a steward? Let the Mòd Dhùn Omhain Local Committee know when you're available by filling out the form on their website below.

Thèid Am Mòd Nàiseanta Rìoghail a chumail 12-20 Dàmhair ann an Dùn Omhain

The Royal National Mòd will take place 12-20 October in Dunoon.



Tha sinn a' lorg Draibhear— mur am bidh sibh a' seinn no a' dannsa, ach tha sibh fhathast airson a bhith an lùib Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo, 's urrainn dhuibh ar cuideachadh!

Mod Volunteer Transport Drivers required—don't sing, don't dance but want to be involved with this year's Royal National Mod? If you drive, you could!

Tha John Hackett, Neach-gairm Comhdhail a' lorg draibhear an bharrachd airson cuideachadh le bhith a' toirt muinntir a' Mhòid agus farpaisich eadar na tallaichean thairis air seachdain a' Mhòid, a thèid a chumail eadar an 12mh agus an 20mh den Dàmhair 2018.

John Hackett Transport Convener is looking to build up his team of volunteer mini bus drivers to transport Mod officials and competitors between venues and events during The Royal National Mod, which will take place between Friday 12th to Saturday 20th October 2018.

Ma tha sibh saor airson ar cuideachadh, cuiribh fòn gu John:

Fòn: 01369 706 963

Fòn-làimhe: 07765343896

If interested please contact John:

Tel: 01369 706963

Mob: 07765 343896



ceòlas



Naidheachdan an t-Samhraidh

SUMMER NEWS

'Seachdain sgoinneil eile de cheòl, Gàidhlig, gàire agus càirdeas ann an àrainneachd iogantach Uibhist a Deas. Tha Gàidheil bhon dà thaobh den chuan a' tighinn às an aon stoc, agus tha Ceòlas a' leigeil leis na bannan sin tighinn còmhla a-rithist. Tha mi air leth fortanach gu bheil an cothrom seo air a bhith agam thar na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh. Mìle, mìle taing do gach aon a chuir seo air dòigh. 'S e a bhith a' comharrachadh agus a' seasamh bòidhchead agus beairteas cànan is cultar nan Gàidheal ri linn seachdain Cheòlais rud cho prìseil cudromach do dh'Uibhist a Deas, Ceap Breatainn agus saoghal nan Gàidheal. Cumaibh Suas a' Ghàidhlig!' - Shelly Chaimbeul, Ceap Breatainn

Chuir coimhearsnachd Uibhist a Deas fàilte air an àireamh as àirde de dh'oileanaich aig sgoil shamhraidh Cheòlais, air a' chiad seachdain den Iuchar, 2018. Bha 142 oileanaich an làthair, a' gabhail chlasaichean ann am pìobaireachd, fìdhlearachd, dannsa, clàrsaireachd, cànan is òrain na Gàidhlig. Bha cuideachd deagh làithearachd an cois a' chlas ùir a-mach air seanchas Uibhist.

Leugh am brath-naidheachd slàn an seo: <http://www.ceolas.co.uk/gd/2018/07/ceolas-has-record-number-of-students/>

The community of South Uist welcomed a record number of students attending the Ceòlas summer school in the first week of July, 2018. A total of 142 students attended the school, taking part in classes including piping, fiddle, dance, clàrsach, Gaelic language and song. A new Gaelic-medium class on Uist-based oral-lore, or seanchas, was also well attended.

Read the full press release here: <http://www.ceolas.co.uk/2018/07/ceolas-has-record-number-of-students/>

Lagh a' Chladaich

CEÒLAS' COMMUNITY SYMPOSIUM

'S e pàirt chudromach de chlàr thachartasan an luchair a th' ann an symposium bliadhnail Cheòlais ann an Uibhist, a' leigeil leis a' choimhearsnachd a dhol an sàs ann an sgrùdadh an dualchais aca fhèin. B' e stòras a' chladaich – feamainn gu sònraichte – a bha san amas am bliadhna. Fad ghinealaichean, dh'ùisnicheadh an fheamainn ann am farsaingeachd dhòighean, a' gabhail a-steach gnìomhachas na ceilpe san 18mh agus 19mh linntean.

Leugh am brath-naidheachd slàn an seo: <http://www.ceolas.co.uk/gd/2018/07/lagh-a-chladaich-symposium/>

Ceòlas' annual symposium has become an integral part of Uist's July calendar, allowing for a community-led scrutiny of their shared heritage. The foreshore and its resources – specifically seaweed – featured as this year's topic. For generations, the people of Uist have used seaweed in a plethora of ways, perhaps most iconically during the kelp boom of the 18th and 19th centuries.

Read the full press release here: <http://www.ceolas.co.uk/2018/07/lagh-a-chladaich-symposium/>



"Language is how to teach the culture, and culture is why there is the language..." – Teija Kaartokallio, Northern Saami

Ceòlas a' siubhal

CEÒLAS' INTERNATIONAL VISITS

Bha riochdairean bho Cheòlas trang san luchar seo agus iad aig Scoil Samhraidh Wille Clancy ann an Sráid na Cathrach, Co Clár, agus aig cruinneachadh HIGA ann an Gasteiz, an Spàinn, cho math ris a' phrògram bhliadhnail aca.

Leugh mun turas aca an seo: <http://www.ceolas.co.uk/gd/2018/07/ceolas-visits-irish-and-spanish-festivals/>

Representatives of Ceòlas, the Uist-based arts and heritage organization, have had an exceptionally busy July, travelling to the Willie Clancy Summer School in Milltown Galway, Co Clare, and the HIGA gathering in Gasteiz, Spain, in addition to the regular events programme.

Read about their trip here: <http://www.ceolas.co.uk/2018/07/ceolas-visits-irish-and-spanish-festivals/>

Tha sinn air leth toilichte prògram Blas 2018 a thoirt thugaibh! Thèid an fhèis a chumail eadar 7-15 Sultain le 34 consartan a' gabhail àite air feadh na Gàidhealtachd 's nan eilean le tachartasan a bharrachd air an iomall is program sgoile is coimhearsnachd.

We are delighted to present this year's programme for Blas 2018. With 34 main events and a range of community and school events there is something for everyone in this year's exciting programme.

We are very grateful to our funders and sponsors [The Highland Council](#), [Bòrd na Gàidhlig](#), [Highlands and Islands Enterprise](#), [Creative Scotland](#), [Comhairle nan Eilean Siar](#) and [Thorntons Investments](#). We are also delighted to have secured additional support from Event Scotland as part of the [Year of Young People 2018](#) enabling us to work with more young people than ever before and to add some very special events to our programme.

There are many highlights to choose from this year, among them are; two concerts celebrating the 80th birthdays of [Alasdair Gillies](#) and [Dolina MacLennan](#). [Calum MacCrimmon](#) brings a stellar cast of musicians together to perform the music of Pipe Major Donald Macleod. We will have two concerts featuring [Julie Fowles](#), [Zoe Conway + John Mc Intyre](#) and Eamon Doorley supported by [Kim Carnie](#). Our Clann/Family Ties concerts make a welcome return with [Seamus Begley](#), Maebh Begley and Jim Murray teaming up with [Maggie MacInnes](#) and Calum Park for four nights.

As part of our Year of Young People events our Blas commission, sponsored by Thorntons Investments, entitled 'Bho Èirigh gu Laighe na Grèine' will be delivered by [Mischa Macpherson](#). There will be a Ceòl nam Fèis concert which will be directed by [Donald Shaw](#) featuring over 100 Fèis participants.

Our biggest Blas gig to date will come in the shape of Òran Mòr which will take place in the [Northern Meeting Park](#) on Saturday 15th September, Inverness with over 1,000 young people performing as part of this very unique event. Performing alongside them will be bands who they have selected to be part of this event including [Skipinnish](#), [Trail West](#), [Breabach](#), [Brighde Chaimbeul](#) and more.

Full line-up and event/ticket information can be found at www.blas-festival.com

Celebrating Highland Culture

BLAS festival 2018

blas-festival.com September 7-15 Sultain

Adam Sutherland & Marc Clement | Assynt | Christine Primrose | Cruinn
Douglas Cameron & Chris Babineau | Emily Smith | Fèisean Cèilidh Trails | Fergie MacDonald
Glenfinnan Cèilidh Band | Inyal | Isobel Ann Martin | Josie Duncan & Pablo Lafuente
Julie Fowles, Éamon Doorley, Zoe Conway & John Mc Intyre
Kim Carnie | Maggie MacInnes & Calum Park | Mairearad Green & Anna Massie
Niteworks | Oban Gaelic Choir | Robbie Greig & Hamish Macleod | Rura
Seumas & Méabh Begley with Jim Murray | Trail West | Wolfstone

— Special events celebrating 80th birthdays of Gaelic Cultural Icons **Alasdair Gillies** & **Dolina MacLennan** —
2018 Blas Commission - **Bho Èirigh gu Laighe na Grèine** by **Mischa Macpherson**
Ciaradh na h-Oidhche - Padruig Morrison, Linda MacLeod and Friends
Crossing the Minch - the music of P/M Donald Macleod with **Calum MacCrimmon** and Friends
Ceòl nam Fèis - over 100 young Fèis performers from across Scotland - Musical Director **Donald Shaw**
Òran Mòr - over 1,000 young musicians with **Skipinnish**, **Trail West**, **Breabach** & **Brighde Chaimbeul**

Thoiribh suil air www.blas-festival.com for programme details



BLAS festival



SUPPORTED BY
year of young people
bliadhna na h-òigridh
2018



A' comharrachadh Bliadhna na h-Òigridh 2018 bidh còrr is 500 neach ciùil òga bho air feadh Alba an cuideachd an luchd-ciùil as fheàrr leotha fhèin

Over 500 young people from across Scotland performing with their choice of guest musicians to celebrate the Year of Young People 2018

SKIPINNISH

Trail West **BREABACH**

BRÌGHDE CHAIMBEUL **mischamacpherson**

INBHIR NIS | INVERNESS

Pàirce Chruinneachaidh a' Chinn a Tuath | Northern Meeting Park

Disathairne 15 Sultain | Saturday 15 September

10:30 - 17:15
subject to licence

Cèilidhean air chuairt



2018 Fèis Cèilidh Trails

www.feisean.org/ceilidh



Thigibh air cèilidh air cuid den òigridh as fheàrr aig Fèisean na h-Alba airson ceòl agus òrain traidiseanta

Come and cèilidh on some of the best young musicians and singers from Scottish Fèisean and enjoy traditional music, song and dance



year of young people
bliadhna na h-òigridh
2018

Ma bhios sibh a' coimhead 'The One Show' air BBC 1 gach feasgair, bhiodh sibh air mothachadh gun robh iad a' craoladh beò às na h-Eileanan bho chionn seachdain.

Chaidh am prògram a chraoladh beò feasgair Diardaoin a-chaidh à Talla na Mara, na Hearadh agus bho Fèis Cheilteach Innse Gall ann an Steòrnabhagh air oidhche 'Haoine.

Bha an dà phrògram sònraichte seo a' coimhead air ciamar a tha e coltach a bhith a' fuireach anns na h-Eileanan, eachdraidh an àite, na daoine a tha a' fuireach ann, an cànan, an cultar agus mar sin air adhart. Bha measgachadh de dhaoine bho na h-Eileanan a' bruidhinn air gach prògram agus anns an luchd-èisteachd.

Meal an naidheachd air MG Alba airson an dà phrògram soirbheachail a bha seo a thoirt ri chèile còmhla ri sgioba 'The One Show'.

If you are a regular viewer of 'The One Show' you will have noticed that the programme was broadcast live from the Western Isles last week.

The programme came live from Talla na Mara, Harris last Thursday evening and from the Hebridean Celtic Festival in Stornoway last Friday evening.

The special editions of the programme focused on island life, the history of the islands, the people who live there, the language, culture and so on.

Congratulations to MG Alba for bringing us these two excellent programmes, in partnership with 'The One Show'.



YOUNG FILMS

Bheil sibh airson nochdadh ann am Bannan? Woud you like to appear in Bannan?

EXTRAS REQUIRED FOR DRAMA FILMING

Filming will take place in Sleat from the 27th August - 28th September.

This exciting opportunity includes pay and the chance to experience television drama from a unique perspective.

Gaelic is not essential - although there are a few small speaking parts so please let us know if you are a Gaelic speaker.

Please contact: sarahjane@youngfilms.co.uk





Tha Acair air dà leabhar ùr fhoillseachadh o chionn ghoirid – dà leabhar neo-fhicsean a tha a’ dèanamh cunntas mionaideach air suidheachaidhean fìor eadar-dhealaichte.

Anns An t-Ògmhios, chaidh ‘Someone Else’s Story’ le Micheal Robson fhoillseachadh – leabhar làn sgeulachdan air an ath-innse mu dheidhinn dualchas nan Eileanan an Iar.

O chionn cola deug chaidh leabhar sgeulachd-beatha ‘The Assynt Crofter – Allan Macrae, A Life’ le Judith Napier fhoillseachadh. Tha an dà leabhar seo rim faighinn air làrach-lìn Acair agus ann am bùthan eile




Anns na seachdainean a tha ri tighinn, bidh sinn a’ foillseachadh leabhar ùr ‘Bàrdachd Uilleam Iain Caimbeul (Willie Teddy)’ ann an Ionad Stoodie, far a bheil fàilte bhlàth air duine sam bith a thiginn ann!

Acair has launched two new books recently—two non-fiction books which give account of two very different situations.

In June, we launched ‘Someone Else’s Story’ by Michael Robson—a book which is full of stories about the heritage of the Western Isles.

In the last few weeks, we launched ‘The Assynt Crofter—Allan Macrae, A Life’ by Judith Napier. Both of these books are available to buy via the Acair online store and in various shops.

In the coming weeks we will be launching a new poetry book, ‘Bàrdachd Uilleam Iain Caimbeul (Willie Teddy)’ in Ionad Stoodie, Point. A warm welcome is extended to anyone who wishes to join us.



www.acairbooks.com



Chruinnich luchd-obrach ChnaG an Steòrnabhadh gus soraidh slàn a leigeil le triùir den luchd-obrach, agus iad a' leigeil dhiubh an dreuchdan. Bha an triùir, Ciorstaidh Ann Hollis, Sandra NicGilliosa agus Calum Iain MacLeòid a' leigeil dhiubh an dreuchdan an dèidh iomadh bliadhna sheirbheis.

Thathas a' cuir fàilte air Marina Mhoireach mar Stiùiriche Leasachaidh, Mairi T Dhòmhnallach mar Co-òrdanaiche Taic Leasachaidh agus Katy Ghreumach mar Oifigear Leasachaidh Iar Thuath Leòdhais.

Tha sinn a' guidhe gach beannachd leotha.

Many of the CnaG team met in Stornoway recently to bid a fond farewell to three of our much loved colleagues. Chirsty Ann Hollis, Sandra Gillies and Calum Iain Macleod are all leaving after many years of loyal service in supporting the development of Gaelic.

Comunn na Gàidhlig welcomes Marina Murray as Director of Development, Mairi T Macdonald as Development Support Co-ordinator and Katy Graham as Development Officer for the North West of Lewis.

We wish them every blessing for the future.





Tha tòrr spòrs air a bhith a' dol aig Comunn na Gàidhlig thairis air an t-sàmhradh.

Comunn na Gàidhlig has organised lots of fun activities over the summer.

Chìthear gu h-ìosal measgachadh de dhealbhann bho feadhainn de na campaichean agus clubaichean sàmhraidh a thathas air a bhith a-ruith bho chionn ghoirid.

Below is a selection of photos from some of this year's summer camps and clubs.

Tha e follaiseach gun do chòrd e ris a h-uile duine!

It is clear to see how much everyone enjoyed themselves!





Care for a Cèilidh

'S e sgeama sònraichte a th' ann an "Care for a Cèilidh" far am bidh seinneadairean Gàidhlig agus luchd-ciùil traidiseanta a' cumail cèilidhean ann an taighean-cùram eadar-dhealaichte. Chìthear gu h-ìosal measgachadh de dhealbhan bho feadhainn de na cèilidhean mu dheireadh a chaidh a chumail le "Care for a Cèilidh". Taing mhòr dhuibh uile.

"Care for a ceilidh" is a scheme for Gaelic singers and traditional musicians to provide short concerts to residents of hospices and care homes. Below are a selection of photographs taken at the most recent "Care for a Cèilidh" events. Thanks to everyone who took part.

<https://www.facebook.com/CareForACeilidh>





Fàilte air ais gu Oisean an Luchd-lonnasachaidh! Tha sinn airson innse dhut mu na rudan ùra a nochd air ar làrach-lìn san Iuchar.

'S e mìos làn grèine agus teis a bh' ann do mhòran againn. Bha sinn air ar dòigh glan leis an deagh shìde, ged a bha e uaireannan beagan ro bhlàth 's ro bhruthainneach san oifis. An do chord an t-sìde ghrianach riut-sa?

Tha na sgoiltean air an làithean-saora samhraidh a thòiseachadh a-nis. Bidh iad dùinte fad sia no seachd seachdainean. A bheil thu fhèin a' dol air làithean-saora? Seo agad [liosta de dh'fhaclan ceangailte ris an t-samhradh](#).

Bidh a' mhòr-chuid de chlasaichean Gàidhlig dheth fad an t-samhraidh. Ma bhios tu a' sireadh ghoireasan

Welcome back to our Learners' Corner! We want to update you on what's been happening on our website in July.

It was a month full of sunshine and heat for many of us. We were delighted with the good weather, although it was sometimes a bit too warm and stuffy in the office. Did you enjoy the sunny weather?

The schools have started their summer holidays now. They will be closed for about six or seven weeks. Are you going on holiday? Here's a [list of words linked with the summer](#).

The majority of Gaelic classes will be stopping over summer. If you're looking for learning resources to keep

ionnsachaidh airson do chumail trang, cuimhnich gu bheil taghadh farsaing againn air [ar làrach-lìn](#). Agus bidh goireasan ùra a' nochdadh nas fhaide air adhart sa bhliadhna, ach innsidh sinn dhut tuilleadh mun sin nas fhaisge air an àm!

Ma tha thu faisg air Siorrachd Inbhir Àir, a Tuath 's dòcha gum bi ùidh agad ann an Latha Gàidhlig a bhios a' tachairt ann an Irbhinn Disathairne 15mh An t-Sultain. Bidh an latha freagarrach do luchd-ionnsachaidh bho ìre thòiseachaidh gu adhartach. Lorgaidh tu an tuilleadh fios ann an [Lorg Cùrsa](#).

Tha sinn an-còmhnaidh toilichte cluinntinn bhut. Ma bhios tu a' cleachdadh nam meadhanan sòisealta lorgaidh tu sinn air [Facebook](#), [Twitter](#) is [Instagram](#). Cuideachd faodaidh tu post-d a chur thugainn gu mairi@learngaelic.scot. Faodaidh tu ar cuairt-litir sheachdaineach fhaighinn le bhith a' leigeil fios thugainn air post-d.

you busy, remember that we've got a wide choice on [our website](#). And we'll have brand new resources appearing later in the year, but we'll tell you more about that nearer the time!

If you are near the North Ayrshire area, you may be interested in a Gaelic Day that is running in Irvine on Saturday 15th September. The day is suitable for learners between beginner and advanced levels. You will find more information in our [Course Finder](#).

We're always pleased to hear from you! If you're on social media you'll find us on [Facebook](#), [Twitter](#) and [Instagram](#). You can also email us with any questions to mairi@learngaelic.scot. You can subscribe to our weekly newsletter via email too.

Gnàthasan-cainnt na mìosa/ *Idioms of the month*

www.learnghaelic.scot/dictionary



CHA DÈAN AON SMEÒRACH SAMHRADH

fuaim / pronunciation bit.ly/1tM3jgu

This idiom means "one swallow doesn't make a summer" and is used to advise someone to err on the side of caution about something (that one small sign doesn't necessarily signify something greater is yet to come).

GLAC THUSA FOIGHIDINN 'S GLACAI DH TU IASG

fuaim / pronunciation bit.ly/1Aqkix

Literally this translates as "you catch patience and you will catch a fish" and means "good things come to those who wait".

CHA SEAS CÀIRDEAS AIR A LETH-CHOIS

fuaim / pronunciation bit.ly/2MQuPoD

This literally means "friendship won't stand on one leg" and expresses that "friendship isn't a one way street".


GHEIBHEADH TUSA FEANNAGAN FIRICH

fuaim / pronunciation bit.ly/1s4nxlJ

The literal translation of this idiom is "you will find forest crows" and is said to people boasting to be able to do the impossible.

Luchd-Tòiseachaidh / *Beginners*

www.learnghaelic.scot/beginners



We've been looking at [units 27–31 of our **Beginners' Course**](#) this month. One of the subjects that we looked at was *directions*.

Do you know the following vocab?

up

suas

down

sìos

in, inside

a-steach

out, outside **a-mach**

Additional resources

Speaking Our Language: [Episode 31 - Giving Directions](#)

Video clips and a worksheet from the original series

Little By Little: [Unit 18 - Getting Directions](#)


A traditional approach to learning, with units and short quizzes

Beag air Bheag (Radio nan Gàidheal): [Blasad Beag 37 - Directions](#)

Radio programme for Gaelic learners

Cleachd Gàidhlig / Use Gaelic

www.learnghaelic.scot/useghaelic



Seo goireasan do dhaoine a tha seachad air ìre ‘neach-tòiseachaidh’.

This is our ‘post-beginner’ section with resources to develop your Gaelic skills.

Litir do Luchd-ionnsachaidh (Letter to Gaelic Learners)

Litir sheachdaineach do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig bho BBC Radio nan Gàidheal.

BBC Radio nan Gàidheal’s weekly letter to Gaelic learners.

Tha faidhle-fuaim, teacsa, briathrachas agus puingeagan cànanain rim faighinn annta.

Sound files, text, vocabulary and language notes included.

Litir 988 [Taigh Mòr na Seilge](#)

Letter 988 [The Big House of the Hunt](#)

Litir 989 [Tòmas Colby agus an OS](#)

Letter 989 [Thomas Colby and the OS](#)

Litir 990 [Pàdraig na Beinne](#) (1)

Letter 990 [Peter of the Mountain](#) (1)

Litir 991 [Pàdraig na Beinne](#) (2)

Letter 991 [Peter of the Mountain](#) (2)

An Litir Bheag (The Little Letter)

Litir sheachdaineach do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig bho BBC Radio nan Gàidheal.

BBC Radio nan Gàidheal’s weekly letter to Gaelic learners.

Bidh iad seo cuideachail do luchd-ionnsachaidh a tha seachad air ìre-tòiseachaidh.

These will be helpful to learners who are beyond a beginners’ level and want to read more.

Tha faidhle fuaim, teacsa agus eadar-theangachadh an cois gach litir.

Audio, text and translation accompany each letter.

Litir Bheag 684 [Taigh Mòr na Seilge](#)
Litir Bheag 685 [Tòmas Colby agus an OS](#)
Litir Bheag 686 [Pàdraig na Beinne \(1\)](#)
Litir Bheag 687 [Pàdraig na Beinne \(2\)](#)

Little Letter 684 [The Big House of the Hunt](#)
Little Letter 685 [Thomas Colby and the OS](#)
Little Letter 686 [Peter of the Mountain \(1\)](#)
Little Letter 687 [Peter of the Mountain \(2\)](#)



Coimhead Gàidhlig (Watch Gaelic)

Criomagan bhidio às aonais fo-thiotalan bho phrògraman BBC ALBA le tar-sgrìobhadh Gàidhlig, eadar-theangachadh Beurla agus briathrachas.

Un-subtitled clips from BBC ALBA programmes with a Gaelic transcription, an English translation and vocabulary.

[Biadh: An t-aran sòda aig Aonghas Moireach](#)

[Food: Angus Murray's Irish soda bread](#)

[Biadh: an lof chrùsta gheal aig Màiri](#)

[Food: Mairi's crusty white loaf](#)

[Maorach na h-Alba](#)

[Scotland's shellfish](#)

[Eachdraidh nam mìltean Gàidheal](#)

[The history of thousands of Gaels](#)

[Eachdraidh nan Gàidheal: Cupa na Camanachd](#)

[History of the Gaels: The Shinty Cup](#)

[Eachdraidh-beatha: làithean Meg aig an oilthigh](#)

[Biography - Meg's university days](#)

An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Aonad 7a
Sràid Sheumais
Steòrnabhaigh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN
Fòn: 01851 703487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Stornoway Office

Unit 7a
James Street
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2QN
Phone: 01851 703487
E-mail: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunnaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR
Fòn: 01463 709705
Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR
Phone: 01463 709705.
E-mail: seonag@ancomunn.co.uk



Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn.

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch.

marina@ancomunn.co.uk

01851 703487

www.ancomunn.co.uk

